



Mòrag bheag,
nighean Mhurchaidh an t-saoir

Sèist
Mòrag bheag,
nighean Mhurchaidh an t-saoir,
's aotrom a dh'fhalbh i,
's aotrom a dh'fhalbh i.

Mòrag bheag,
nighean Mhurchaidh an t-saoir,
's aotrom a dh'fhalbh
i a phòsadh.

Rann 1
Dè nì mi
ma shèideas a' ghaoth
'n oidhche mus falbh sinn,
'n oidhche mus falbh sinn.

Dè nì mi
ma shèideas a' ghaoth
'n oidhche mus falbh sinn
a phòsadh?

Sèist





Rann 2

Dh'fhalbhainn leat a
Mhiabhaig an Ùig
ged bhiodh e anmoch,
ged bhiodh e anmoch.

Dh'fhalbhainn leat a
Mhiabhaig an Ùig
ged bhiodh e anmoch
is ceò ann.

Sèist

Rann 3

'S ann thèid mise
le mo ghaol
gu Caimbeulach Ùige,
gu Caimbeulach Ùige.

'S ann thèid mise
le mo ghaol
gu Caimbeulach
Ùige a phòsadh.

Sèist





CEÒL GAIDHLIG

Rann 4

Cò 'n tè bheag tha
danns' air an lèar?
Tha bean-na-bainnse,
tha bean-na-bainnse.
Cò 'n tè bheag
tha danns' air an lèar?
Tha bean-na-bainnse
's cha mhòr i.

Sèist x2

